


Tha Achd Taic is Dìon Inbheach (2007)
a' mìneachadh 'inbheach ann an
cunnart bho chron' mar neach a tha:

- neo-chomasach air an t-sunnd, an
t-seilbh, na còraichean no ùidhean
eile aca fhèin a dhìon agus
- fo bhuidh ciorram, galair, tinneas no
easlaint agus mar sin nas so-leònte.



Am faca tu rudeigin? Can rudeigin.

Airson mion-fhiosrachadh mu do neach-fiosa
ionadail, tadhail air actagainstharm.org



safer
scotland
SCOTTISH GOVERNMENT

actagainstharm.org

IASAD? no GOID?

Ma tha thu draghail gu bheil
inbheach ann an cunnart
bho chron, tha e ceart gun
tèid an t-suidheachadh a
sgrùdadh.

Faigh a-mach an seo dè bu
chòir dhut dèanamh.



safer
scotland
SCOTTISH GOVERNMENT

AM FACA TU RUDEIGIN? CAN RUDEIGIN.

Nam biodh tu a' smaoineachadh gu robh leanabh ann an cunnart bho chron, dhèanadh tu rudeigin mu dheidhinn. Cha bu chòir e a bhith eadar-dhealaichte airson inbheach. Ma tha thu a' faireachdainn gu bheil rudeigin nach eil ceart, na cùm agad fhèin e.

Ma chuireas tu aon phost-d no fios fòn gun urra gu do chomhairle ionadail, thèid an t-suidheachadh a tha dèanamh dragh dhut a sgrùdadh agus thèid taic a thoirt seachad, ma tha feum air. Dh'fhaodadh nach eil dad ann, ach tha e nas fheàrr a bhith cinnteach.

Airson mion-fhiosrachadh mu do neach-fiosa ionadail, tadhail air actagainstharm.org

SUIDHEACHAIDHEAN AIR AM BU CHÒIR A BHITH MOTHACHAIL.

Chan eil e an-còmhnaidh furasta aithneachadh a bheil inbheach ann an cunnart bho chron ann an trioblaid. Ach tha suidheachaidhean ann air am bu chòir a bhith mothachail. Os cionn rud sam bith, cuir earbsa nad faireachdainn – ma tha rudeigin a' faireachdainn ceàrr, can rudeigin.



CRON IONMHAIS

Nuair a tha inbheach ann an cunnart bho chron dh'fhaodadh na leanas a bhith nan eisimpleirean:

- a' toirt airgead dha strainnsear no cuideigin a dh' aithnichteas iad, airson adhbharan a tha dèanamh dragh dhut.
- a tha mì-shoilleir no troimhe chèile mu càite an deach an cuid airgid.
- a tha fo chuideim mu ghnothaichean airgid no fiachan.

CRON CORPORRA

Nuair a tha inbheach ann an cunnart bho chron dh'fhaodadh na leanas a bhith nan eisimpleirean:

- gu bheil gearraidhean, pronnadh no comharran eile orra air nach urrainn dhaibh cunntas ceart a thoirt.
- a' feuchainn ri leòn fhalach no a' diùltadh bruidhinn mu dheidhinn.
- a tha eagallach no sàmhach timcheall cuid de dhaoine no ann an suidheachaidhean sònraichte.



CRON SAIDHGEÒLACH

Nuair a tha inbheach ann an cunnart bho chron dh'fhaodadh na leanas a bhith nan eisimpleirean:

- gum biodh caraidean no strainnsearan an-còmhnaidh 'a' fantainn' timcheall an taighe aca.
- gu bheil iad a' faighinn droch bheul bho chuid eile.
- gu bheil iad an sàs ann an gnìomhachd mì-laghail no neo-ìomchaidh gu sòisealta le cuid eile.

CRON GNÈITHEACH

Nuair a tha inbheach ann an cunnart bho chron dh'fhaodadh na leanas a bhith nan eisimpleirean:

- fo chlaoidheadh no eagal gnèitheach.
- a' coimhead nearbhach, sàmhach no le eagal nuair a tha cuid eile an làthair.
- a' fàs deurach no troimhe chèile nuair a bheirear iomradh air an cuid dàimhealachd.



DEARMAD

Nuair a tha inbheach ann an cunnart bho chron dh'fhaodadh na leanas a bhith nan eisimpleirean:

- nach eil iad a' cur aodach orra, gan nighe fhèin no ag ithe mar bu chòir.
- a' falach bho dhaoine eile.
- nach urrainn dhaibh nas motha coimhead às an deidh fhèin no an cuid seilbh.

Ma tha thu a' smaoineachadh gu bheil inbheach ann an cunnart bho chron agus feumach air cuideachadh, cuir fios chun chomhairle ionadail agad gus do dhraghan innse dhaibh. Airson mion-fhiosrachadh mu do neach-fiosa ionadail, tadhail air actagainstharm.org